



Highlands and Islands  
Airports Limited  
Puirt-adhair na Gàidhealtachd  
is nan Eilean Earranta



# Aithisg Solarachaidh Bhliadhnaill 2019/20

# Mar dèidhinn

**'S e companaidh earranta priobhaideach a th' ann am Puir-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) fo shealbh Ministearan na h-Alba agus cunntachail airson stiùireadh agus ag obrachadh 11 puir-adhair.**

Chaidh HIAL a' stèidheachadh ann an Dùn Èideann air 4 Màrt 1986 mar chompanaidh earranta priobhaideach. Air 1 Giblean 1995, għluais seilbh a' chompanaidh bho Ùghdarras na h-Itelachd Shioħbalta RA gu Rūnaire na Stāit airson Alba agus an dèidh làimhe gu Ministearan na h-Alba. Tha HIAL a' faighinn tabhartasan bho Riaghlas na h-Alba a rēir earrann 34 de Achd Itealan Catharra 1982 agus a' faighinn taic bho Chòmhðħail na h-Alba – Buidheann-stiùridh Itelain, Mhuireil, Frachd is Canàlan.

Tha na puir-adhair againn ann am Barraigh, Beinn nam Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn-Dè, Inbhir Nis, Île, Baile na h-Eaglaise, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh, agus Inbhir Ùige Taigh Iain Għröt, agus a' dèligeadeh ri còrr air 1.78m luchd-siubħail a h-uile bliadhna. Tha a' chompanaidh a' fastadh còrr air 650 luchd-obrach.



## Clàr-innse

Geàrr-chunntas gniomhach	1
Earrann 1 – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte air a Chriochnachadh	2
Earrann 2 – Lèirmheas air Gèilleadh Solarachadh Riaghlaichte	3
Earrann 3 – Geàrr-chunntas Buannachd Coimhearsnachd	4
Earrann 4 – Geàrr-chunntas Gniomhachas le Taic	5
Earrann 5 – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte san t-àm ri Teachd	6
Earrann 6 – Beachdan Eile	7
Leis-phàipear A – Geàrr-chunntas de Sholarachadh riaghlaichte 2019/20	8
Annex B – Future Regulated Procurements 2020-22	9

# Geàrr-chunntas Gníomhach

**Tha sinn ag obair le ar com-pàirteachaidhean agus luchd-ùidh, agus tha sinn dealasach a thaobh taic do dhleastanas sòiseo-economach den itlein ann an Alba ann a bhith a' cumail suas is a' leasachadh ar puirt-adhair agus na seirbheisean agus ceangalan deatamach a tha iad a' toirt do fheadhainn de na coimhairsnachdan as iomallaiche nar dùthaich.**

Tha sàbhailteachd na bhunait airson gach páirt de ar n-obair. Tha prògram sàbhailteachd is tèarainteachd làdir againn a choileanas gèilleadh riaghlaidh air feadh na buidhne againn. Bidh sinn an-còmhnaidh a' dèanamh ath-sgrùdadh air na siostaman agus na modhan-obrach againn gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-irean as àirdé de choileanadh sàbhailteachd aig a' bhuidheann againn agus air gach puirt-adhair againn.

Tha Achd Ath-leasachadh Solarachaидh (Alba) 2014 (an Achd) mar phàirt de riaghlaidh solarachaидh poblach a bhios a' riaghlaidh mar a bhios buidhnean poblach na h-Alba a' ceannach bathar, obair agus seirbheisean, agus ag amas air a' bhuannachd eacnamaich a leasachadh do dh'Alba bho gñiomhachd solarachaидh èifeachdach.

Tha an Achd ag iarrайдh air a h-uile buidheann poblach ann an Alba a bhios a' caitheamh solarachaидh bliadhnaidh còrr air £5m ullachadh agus a' thoirt gu buil ro-innleachd solarachaидh. Feumaidh e cuideachd aithisg solarachaидh bliadhnaidh fhoillseachadh gus fiosrachadh a thoirt do luchd-ùidh air dèanadas solarachaидh agus coileanaidhean ann a bhith a' libhrigeadh an ro-innleachd solarachaидh aca.

Mhinich an Ro-innleachd Solarachaидh HIAL 2017-2020 an stiùireadh ro-innleachdail àrd-ire a' gñiomh solarachaидh ann a bhith a' libhrigeadh luach an airgid agus a' cur ri coileanadh cuimsean is amasan na buidhne is gu nàiseanta. 'S e fòcas an Ro-innleachd seo a bhith a' suidheachadh an luach as fheàrr agus malartean taobh a-staigh gñiomhan obrachaидh puirt-adhair gus fas eacnamaich seasmhach a stiùireadh agus taic a thoirt dha, gach cuid airson gñiomhachasan HIAL agus na coimhairsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

## Ar rùn:

Is e rùn HIAL buannachd shòisealta agus beairteas eacnamaich a chruthachadh le bhith a' togail buidheann puirt-adhair roinneil seasmhach na h-Alba san t-àm ri teachd. Tha seo mar phàirt den lèirsinn àrd-amasach againn a bhith mar a' chiad bhuidheann puirt-adhair roinneil neòdrach a thaobh càrboin san Roinn-Eòrpa.

Rè ùine 2019/20, dh' fhulaing puirt-adhair HIAL tuiteam 3.5% ann an àireamhan luchd-siubhail, fo bhuaidh cuinngealachadh Covid-19 sa Mhàirt 2020, ach bha ceangalan airson a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan leis an RA agus thall thairis fhathast na phriomhachas ann bhith a' toirt taic do choimhairsnachdan iomallach agus eacnamaidhean dùthchail. Tha na dùblain fhathast ann a thaobh cumail suas agus leasachadh ar bun-structar iom-fhillte agus ag obair le ar com-pàirtichean séine-sholair gus dèanamh cinnteach gum bi an eòlas as fheàrr air a thoirt seachad do luchd-cleachdaidh.

Tha gñiomh Solarachaидh HIAL a' fàs nas suidhichte anns na pròiseasan corporra agus obrachaидh thar gach làrach puirt-adhair, gu h-àraig le casgadh buidseatan ga dhèanamh cudromach a-riamh na fuasglaidhean as fheàrr fhaighinn aig a' phris as fheàrr. Tha na manaidsearan againn a' coimhead air farpais solair gu deimhinneach, fhad sa tha iad cinnteach gu bheil séine-sholair ionadail air an cumail far a bheil e comasach.

Tha Bòrd HIAL agus àrd sgioba stiùridh a' cur fàilte air Aithisg Solarachaидh Bhliadhnaidh HIAL 2019-20 mar gheàrr-chunntas de gñiomhachd solarachaидh agus coileanadh mu choinneamh ar Ro-innleachd Solarachaидh, agus a' toirt taic do leasachaidhean leantainneach san raon seo.

## Tha na priomh gñiomhan againn a' gabhail a-steach:

- A' toirt ceangal còmhdaidh riatanach do phuirt-adhair a bhios a' coileanadh inbhean riaghlaidh
- A' cumail suas agus a' leasachadh bun-structar agus seirbheisean puirt-adhair
- Ag obair le compañaidhean-adhair agus fheadhainn eile gus seirbheisean adhair clàraichte agus frachd a chumail suas agus a leasachadh
- A' leasachadh ar teachd-a-steach malaireach gus seasmhachd gñiomhachais a thogail

# Earrann 1 – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Raghlaichte air a Chriochnachadh

Feumar solarachadh riaghailte a dhèanamh a rèir Riaghailtean Solarachaидh na h-Alba. Tha seo a' toirt a-steach a bhith a' toirt seachad cùmhantùr neo aonta frèam, neo a' toirt seachad cùmhant cuir-dheth bho aonta frèam a tha ann mu thràth.

## Tha HIAL le umhlachd do iomadh riaghailtean solarachaидh

- Riaghailtean Cùmhantán Poblach (Alba) 2015
- Riaghailtean Goireasan (Alba) 2016
- Achd Ath-leasachadh Solarachaидh (Alba) 2014 agus Riaghailtean Solarachaидh co-cheangailte (Alba) 2016.

Fo na riaghailtean seo, that HIAL air a mhineachadh mar "Goireas" airson puirt-adhair a thoirt seachad, agus mar sin tha solarachadh sam bith co-cheangailte ri obrachadh puirt-adhair air a riaghlaidh le Riaghailtean Goireasan (Alba) 2016 seach Riaghailtean Cùmhantán Poblach (Alba) 2015.

## 'S e an stairsneach airson solarachadh riaghlaichte fo Riaghailtean Goireasan:

- Os cionn £328,352 airson bathar is seirbheisean
- Os cionn £4,102,394 airson obraichean.



## 'S e an stairsneach airson solarachadh riaghlaichte fon Achd:

- Os cionn £50,000 agus nas isle na stairsnich an AE airson bathar is seirbheisean
- Os cionn £2,000,000 agus nas isle na stairsnich an AE airson obraichean.

Tha an Achd ag iarraidh gum bi an Aithisg Solarachaидh Bhliadhnaidh a' sealtainn geàrr-chunntas de na solarachaidhean riaghlaichte a chaidh a chriochnachadh aig àm na h-aithisg agus a bhith a' nochdad gu follaiseachd anns an dòigh sa bheil sinn a' solarachd gu poblach.

## Tha an Achd a' mineachadh air solarachadh riaghlaichte:

- 1) Tha an cùmhant na chùmhant poblach;
- 2) Tha luach tuairmseach a' chùmhaint co-ionnan no nas àirde na an stairsneach (£50k bathar/seirbheisean, £2m obraichean); agus
- 3) Chan e cùmhant toirmisgte a th' ann.

Fon Achd, tha cùmhant toirmisgte "de sheòrsa ris nach eil Riaghailtean Cùmhantán Poblach a' buntainn". Mar sin, chan eil na solaran riaghlaichte a tha air an còmhach san Aithisg Solarachaидh Bhliadhnaidh seo gu dligheach ach na cùmhantán sin nach eil co-cheangailte ri solarachadh puirt-adhair. Ge-tà, airson a bhith soilleir, tha an aithisg seo a' toirt a-steach solarachadh riaghlaichte mar a tha e air a mhineachadh fon Achd, solarachadh riaghlaichte fo Riaghailtean Goireasan, agus solarachadh fo ire nas isle na Riaghailtean Goireasan.

Thug HIAL 14 cùmhant seachad mar sholar riaghlaichte rè na h-ùine aithris; 3 air a riaghlaidh fon Achd agus 11 air a riaghlaidh fo Riaghailtean Goireasan. Thug sinn cuideachd 17 cùmhantán fo ire Riaghailtean Goieasan.

'S e suim na solair a chaidh a riaghlaidh for Achd, £332,891; 's e solair iomlain a chaidh a riaghlaidh fo Riaghailtean Goireasan £10,478,777; agus 's e suim a chaidh solair fo Riaghailtean Goireasan, £3,721,266. Suim uile de £14,532,933.

# Earrann 2 – Lèirmheas air Gèilleadh Solarachadh Riaghlaichte

**Tha an Achd ag iarraidh air an Aithisg Bhliadhnaile gearr-chunntas a dhèanamh air an robh solarachaidhean riaghlaichte a' gèillidh ri amasan na Ro-innleachd Solarachaidh rè àm na h-aithris, agus far nach eil solarachaidhean a' gèillidh, ciamar a tha HIAL an dùil gèillidh a leasachadh.**

Bha Ro-innleachd Solarachaidh HIAL a' cur fòcas air gniomhan agus pròiseasan solair taobh a-staigh gus bunaitean làidir a thogail airson a' chompanaigh gus na h-amasan ro-innleachdail corporra aca a choileanadh. Tha Amasan Ro-innleachdail Solarachaidh HIAL a' toirt a-steach priomh amasan:

- Gèillidh Reachdail is Riaghlaidh
- Dùblain Eaconamach
- Cleachdadh Èifeachdach air Goireas
- Seasmhachd.

## Gèillidh Reachdail is Riaghlaidh

Tha solarachadh riaghlaichte HIAL air an gabhail os làimh a ràir pròiseas stèidhichte a tha air a cho-thaobhaichte ri Slighe Solarachaidh Riaghaltas na h-Alba, a nì cinnteach gu bheil gach solarachadh a' gèilleadh ri riatanasan reachdail is an ro-innleachd.

Bha luchd-glèidhidh buidseait HIAL, no na riochdairean aca, agus an Sgioba Solarachaidh an sàs anns a h-uile solarachadh riaghlaichte agus bha sgiobaidean pròiseict mothachail air na riaghailtean a thaobh solarachadh poblach.

Cha robh dùblain laghail ann mu na pròiseactan solarachaidh againn. Chleachd sinn an Dòigh-obrach Fosgalte airson a' mhòr-chuid de ar gniomhachd tairgse rè na h-uine seo. Bidh seo a' leudachadh chothroman airson solarachean agus a' lughdachadh raointean-ama a thaobh solarachadh. Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt seachad ar cùmhnanter air an Tairgse as buannachdail san eaconamaidh (MEAT), a' gabhail a-steach pris agus càileachd anns na co-dhùnaidhean solarachaidh.

Tha HIAL a' leantainn air adhart a' cleachdadh

Sgiobhaidean Solarachaidh Singilte na h-Eòropa (ESPD) mar dheagh cleachdadh airson a h-uile solarachadh tairgse thairis air £50,000. Tha an ESPD a' leigeil fios do HIAL air solarachean a dh' fhaodadh dùnadh a-mach à cùmhnanter air sgàth eucoirich, mi-ghiùlan a thaobh airgead a' losgadh, saothair chloinne, malaир dhaoine no drogaichean a bharrachd air reachdas àrainneachd.

## Dùblain Eaconamach

Bidh sinn a' leantainn air adhart a' cleachdadh aontaidhean freàm co-obrachail agus a' cur an gniomh aontaidhean freàm HIAL; Chaith 9 solarachadh san uine-aithris a chuir dheth bho freàm HIAL agus chaith 3 solarachadh a chuir dheth bho freàm co-obrachail. Bidh na dòighean seo a' cuideachadh le bhith a' solarachadh stòrasan, càileachd/seirbheis a thoirt gu bun-tomhas, a' sàbhaldadh airgead tro phrisean lùghdaichte, agus a' lùghdachadh an àireamh de

sholarachean agus mar sin, a' toirt seachad èifeachdas. Choilean buannachdan sàbhaldadh airgid de £99k san uine air caiteachas de £1.3m thairis air a chùmhnan sin bhith a' cleachdadh Frèamaichean Riaghaltas na h-Alba.

## Cleachdadh Èifeachdadh air Goireas

Bha a h-uile solarachadh riaghlaichte san uine-aithris a' toirt a-steach ceangal tar-ghniomhach agus/neo cruthachadh sgiobaidean pròiseict gus luchd-obrach HIAL a chur gu feum san dòigh as fheàrr gus na fuaslaidhean as fheàrr fhaighinn. Bha a h-uile tairgse air a stiùireadh leis a' gniomh Solarachaidh agus cleachd iad pròiseas àbhaisteach agus teamplaidean, le bhith a' cleachdadh portal Cùmhnanter Poblach na h-Alba (PCS) gus riaghlaidh tairgse a dhèanamh fèin-ghluasadach.

## Seasmhachd

Tha seasmhachd aig cridhe ar gniomhan solarachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil bathar is seirbheisean air an solarachadh ann an dòigh a choileanas càileachd, luach an airgid agus buannachdan don chomann-sòisealta, an eaconamaidh agus an àrainneachd. Thatas a' beachdachadh air cleachdaidhean àrainneachd, sòisealta/eaconamach agus obair chothromach anns a h-uile solarachadh tairgse agus iad air an gabhail a-steach mar slatan-tomhais tabhartais nuair a tha e buntainneach. Bidh sinn a' cleachdadh ar buaidh ann a bhith a' faighinn chùmhnanter gus cinneasachadh seasmhach de bhathar agus libhrigeadh sheirbheisean/obraichean a bhrosnachadh, agus bidh sinn cuideachd a' brosnachadh seo air feadh nan sèine-sholair againn airson an dèanadas seasmhachd a leasachadh.

Cumaidh HIAL a' sireadh Barantachadh Tuarastal Bith-beò, a tha a' toirt a-steach dealas bho phriomh sholarachean air an làrach gus an Tuarastal Bith-beò a phàigheadh do luchd obrach aca.

Tha sinn a' cumail oirnn a' lughdachadh lorg charboin air taobh a-staigh ar gniomhachd, mar eiseimpleir, ag obair a dh' ionnsaigh solais LED a chuir a-steach anns a h-uile raon poblach agus raon obrachaidh, agus a' feuchainn bathar di-reoite raon-laighe a tha as fheàrr airson an àrainneachd.

Chaith 6 cùmhnanter solarachaidh a thabhairn do dh'lomairtean beaga is Meadhanach na RA taobh a-staigh na h-uine-aithris agus bha 4 dhuibh sin nan gniomhachasan Albannach.

**Tha Leas-phaipear A** a' toirt barrachd fiosrachaide mu na solarachaidhean buntainneach a chaidh a chriochnachadh san uine sin.

# Earrann 3 – Geàrr-chunntas Buannachd Coimhearsnachdrsnachd

**Tha an Achd ag iarraidh air an Aithisg Solarachaidh Bliadhnailean gearr-chunntas a thoirt seachad air na riatanasan Buannachdan Coimhearsnachd a chaidh a chuir an sàs mar phàirt de sholarachadh riaghlaichte a chaidh a choileanadh sa bhliadhna-aithris.**

Is e amas clàsan Buannachd Coimhearsnachd taobh a-staigh cùmhnantan solarachaidh le luach no fad cudromach a bhith a' toirt a-steach dòighean cuimsichte airson amasan seasmhachd a choileanadh, m.e. fastadh ionadail, trèanadh, leasachadh SME, conaltradh ris a' choimhearsnachd, msaa. Fon Achd, feumaidh Buannachdan Coimhearsnachd a bhith air am beachdachadh airson cùmhnantan le luach os cionn £4 millean ach dh' fhaodadh iad a bhith air an cur an sàs far a bheil e buntainneach fon ire seo.

Cha robh gin de sholarachadh HIAL os cionn na stairsnich airson Buannachdan Coimhearsnachd a thoirt a-steach anns an uine-aithris seo, ach tha HIAL a' beachdachadh air buntanas agus cur an gniomh gniomhan buannachd coimhearsnachd mar phàirt den ullachadh airson gach solarachadh riaghlaichte a tha a' toirt a-steach gniomh an t-Solarachaidh.

Am measg nam buannachdan a chaidh a thabhairt bho chùmhnantan a chaidh a thoirt seachad rè na h-ùine, bha: cleachdadh thaighean-òsta ionadail, L&B agus àitean-fuirich air mhàl airson luchd-obrach pròiseactan-togail ann an Inbhir Nis agus Sealtainn; cosnadh is seirbheisean ionadail air an cleachdadh ann an Gallaibh, Sealtainn, Inbhir Nis agus Moireibh; agus prògraman preantasachd/trèanaidh air an toirt seachad leis na comhairlichean bun-structar ainmichte againn ann an Glaschu is Dùn Èideann.



# Earrann 4 – Geàrr-chunntas Gníomhachas le Taic

**Tha an Achd ag iarraidh air an Aithisg Solarachaидh Bhliadhnaidh geàrr-chunntas a thoirt seachad de cheumanan sam bith a chaidh a ghabhail gus com-pàirteachadh Ghníomhachasan le Taic ann an solarachadh riaghlaichte rè na h-ùine-aithris.**

Is e Gníomhachais le Taic na solaraichean aig a bheil priomh amas amalachadh sóisealta is proifeasanta de dhaoine ciorramach no ana-chothromach far a bheil co dhiù 30% dhen luchd-obrach ciorramach no fo ana-chothrom. Tha seo a' toirt cosnadh, tréanadh agus taic shòisealta dhaibhsan a dh' fhaodadh a bhith air an dùnad a-mach às an àite-obrach. Tha a bhith a' cleachddadh seirbheisean Gníomhachais le Taic na eileamaid den Dleastanas Solarachaидh Seasmhach againn.

Le làdar gníomhachas HIAL, tha glè bheag de chothroman Gníomhachas le Taic a tha buntainneach ri riatanasan HIAL agus cha d' fhuair HIAL cùmhantair mar sin san ùine aithris seo.



# Earrann 5 – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte san t-àm ri Teachd

**Tha an Achd ag iarraidh air an aithisg seo geàrr-chunntas a thoirt seachad de na solarachaidhean riaghlaichte a tha HIAL an dùil tòiseachadh anns an ath dhà bhliadhna ionmhais.**

Tha HIAL a' leantainn air adhart le program de phròiseictean seilbheachd chalpa anns a h-uile puirt-adhair airson dèanamh cinnteach gu bheil ceangalaichean riatanach air an cumail suas, eòlas luchd-siubhail air an àrdachadh agus uidheamachd èiginneach fhathast ri obrachadh. Tha sinn cuideachd an dòchas siostaman bathar-bog ionmhais, HR & Pàighidh fhaighinn gus pròiseactan corporra a dhèanamh fèin-ghluasadach agus sgioblachadh.

'S e ath-dhealbhachadh seirbheisean trafaig-adhair gu Fuasgladh Tùr Iomallach aon den phròiseictean as inntinniche againn sa phrògram, agus gus seirbheis smachd seasmhach fad-ùine a thoirt seachad.

**Tha Leas-phaipear B a' toirt geàrr-chunntas air solarachadh a tha sinn air an dùil**



# Earrann 6 – Beachdan Eile

**Tha amasan soilleir aig HIAL is aig Riaghaltas na h-Alba airson fàs eaconamach seasmhach an dà chuid taobh a-staigh na buidhne agus airson nan coimhearsnachdan ionadail san fharsaingeachd.**

Rè an t-àm 2019-20, bha an caitheamh teachd-a-steach againn aig £14.1m agus caiteachas calpa aig £13.8m. Tha a' mhòr-chuid de chosgais solarachaidh HIAL air solarachadh seirbheis obrachail agus cumail suas ar raointean-adhair agus bun-structar poblach.

Ann am plana dealbhachaidd Solarachaidh HIAL, tha planaichean airson aontaidhean freàm agus cùmhnanan airson obair togail agus seirbheisean airson na 11 puirt-adhair. Tha seo a' toirt cothrom airson beachdachadh nas mionaidiche air a' bhuaidh a dh' fhaodadh a thoirt air coimhearsnachdan ionadail.

Bidh coileanadh amasan corporra HIAL airson barrachd fàs agus ceanglan nas fheàrr airson na puirt-adhair roinneil an urra ri coileanadh, càileachd agus ath-leumachd sèine-sholair. Bidh pàirt cudromach aig a' ghiomh Sholarachaidh ann a bhith a' leasachadh èifeachdas agus a' daingneachadh seirbheisean càileachd gus coinneachadh ri dùil luchd-cleachdaidh.

**Sarah Shelley**  
**Manaidsear Solarachd**



# Leis-phàipear A – Geàrr-chunntas de Sholarachadh riaghlaichte 2019/20

Bathar-amh	Tiotal Cùmhnant	Port-adhair	Luach cùmhnant	Ainm an t-solarraiche
Seirbheisean - Corporra	Frèam seirbheis co-chomhairleachaidd Trafraig -adhair, Lotaichean 1, 2, 5, 8, 9, 10	Corporra	£2,680,000	Osprey Consultancy Services Limited
Bathar – Bun-structar	Amalachas Siostam Grèim-Bagannan	Inbhir Nis	£1,471,188	Robson Handling Technology Limited
Obair – Bun-structar	Hangaran 1, 2 & 4 Ath-ghnàthachadh	Sumburgh	£1,390,698	AJ Engineering Services Limited
Obair – Bun-structar	Siostam Grèim-Bagannan – Obair Coitcheann	Inbhir Nis	£1,305,048	CHAP Group (Aberdeen) Limited
Bathar – Bun-structar	Amalachas Siostam Grèim-Bagannan	Sumburgh	£1,023,949	Daifuku Logan Limited
Bathar - Obrachadh	Inneal Sgrineadh Grèim-Bagannan EDS	Sumburgh	£928,347	Smiths Detection-Watford Ltd
Bathar - Obrachadh	Inneal Sgrinidh Grèim Bagannan EDS	Inbhir Nis	£925,423	Smiths Detection-Watford Ltd
Obair – Bun-structar	Siostam Grèim Bagannan – Obair Coitcheann	Sumburgh	£749,450	Bell Contracts and Co. Limited
Bathar – Obrachadh	Ionadach Neo-choimhearrach	Ioma Puirt-adhair	£495,372	Systems Interface Limited
Seirbheisean - Corporra	Frèam Co-chomhairleachaidd Seirbheisean Trafraig-adhair – Lot 11	Corporra	£300,000	McKenzie Consulting
Seirbheisean - Corporra	Frèam Co-chomhairleachaidd Seirbheisean Trafraig-adhair – Lot 11	Corporra	£300,000	Think Research Ltd
Seirbheisean - Corporra	Frèam Co-chomhairleachaidd Seirbheisean Trafraig-adhair – Lot 11	Corporra	£300,000	Northstar EURL
Seirbheisean – Obrachadh	Sgrùdadh Itealaich	Ioma Puirt-adhair	£258,668	Flight Calibration Services Limited
Bathar – Obrachadh	Solaир-connaidh Itealanachd	Dùn-Dè	£256,500	World Fuel Services Limited
Seirbheisean – Bun Structar	Ion-dhèantachd ath-Uidheamachaidd Cabhsair Raoin-lraighe	Dùn-Dè	£233,522	Jacobs UK Limited
Bathar - Obrachadh	Siostam Solais Talamh Raon-adhair is APAPI	Tiriodh	£211,692	AGI Limited
Serbheisean - Bun-structar	Dealbhachd Ro-Thogail Siostam Grèim -Bagannan	Sumburgh	£203,280	Jacobs UK Limited
Seirbheisean- Corporra	Leasachadh Làrach-lin	Corporra	£153,250	Spacecraft Creative Limited/JADU
Seirbheisean – Bun Structar	Stiùireadh Phròiseict – Dion a' Chladaich	Steòrnabhagh	£144,778	Turner & Townsend Project Management Ltd
Seirbheisean – Bun Structar	Ion-dhèantachd ath-Uidheamachaidd Cabhsair Raoin-lraighe	Ceann Loch Chille Chiarain	£127,713	Jacobs UK Limited
Bathar - Obrachadh	Deuchainn 'De-icer' Raon-lraighe	Inbhir Nis is Inbhir Uige Taigh Iain Ghròt	£124,416	Killfrost Limited
Seirbheisean - Corporra	Ethernet – Libhrigidh Call-dheth	Corporra	£104,577	Daisy Corporate Services Trading Limited
Obair – Bun Structar	Ath-uidheamachd Cabhsair an Loop Taxiway	Inbhir Uige Taigh Iain Ghròt	£100,531	GMR Henderson Ltd
Seirbheisean – Bun Structar	Priomh phlanadh	Inbhir Nis	£99,058	Arcadis Consulting (UK) Limited
Seirbheisean – Prògram ATMS	Dealbhachadh – Togalach CSC	Corporra	£99,058	Arcadis Consulting (UK) Limited
Seirbheisean - Obrachadh	Seirbheisean Taic Siostaman Smachd Conaltradh Guth ATS	Ioma Puirt-adhair	£94,147	Rhode and Schwarz
Bathar - Corporra	Màl inneal Ioma-ghnìomh	Corporra	£75,064	Capital Document Solutions Limited
Seirbheisean - Obrachadh	Cumail Suas Bliahdnail Uidheamachd Meteorological	Ioma Puirt-adhair	£71,600	Muir Matheson Aviation Ltd
Seirbheisean – Bun Structar	Sgrùdadh Maoin Bun Structar 2019-20	Ioma Puirt-adhair	£65,000	Jacobs UK Limited
Seirbheisean – Prògram ATMS	Taic Einnseanaireachd	ATMS	£61,812	ALSTEV Ltd
Seirbheisean – Bun Structar	Ion-dhèantachd – Frèam Seirbheisean Stiùridh Ghoireasan	Corporra	£54,515	Turner & Townsend Project Management Ltd

# Leas-phàipear B – Solarachadh Riaghlaichte san t-àm ri teachd

Ainm a' Phròiseict	Port-adhair	Luach Cùmhnant
Fuasgladh Tùr lomallach	Ioma Puirt-Adhair	£8,500,000
Obair Drèanadh uisge Uachdar Raon-Adhair	Inbhir Nis	£8,000,000
Obair Dion a' Chladaich	Steòrnabhagh	£6,000,000
Ath-chòmhachd air Cabhsair Raon-laighe	Sumburgh	£5,200,000
Frèam Cunnradair Teirm M&E	Corporra	£5,000,000
Frèam Cunnradair Teirm Cabhsair	Corporra	£5,000,000
Ath-chòmhachdachd air Cabhsair Raon-laighe	Inbhir Nis	£3,500,000
Ath-chòmhachdachd air Cabhsair Raon-laighe	Ìle	£3,500,000
Togail CSC	Corporra	£3,500,000
Ath-chòmhachdachd air Cabhsair Raon-laighe	Ceann Loch Chille Chiarain	£3,000,000
Connadh Fliech	Ioma Puirt-adhair	£1,875,000
Ùrachadh Cabhsair Taxiway	Baile na h-Eaglaise	£1,300,000
Uidheamachd Grèim- Bagannan	Baile na h-Eaglaise	£1,100,000
Seirbheisean Taic do Luchd-Siubhal le Comas Glusad nas Lugháin	Inbhir Nis	£850,000
Uidheamachd Sàbhailteachd Lorgaire-meatailte	Ioma Puirt-Adhair	£815,000
Ath-Uidheamachadh Hangar	Steòrnabhagh	£750,000
Gealitanas Sàbhailteachd airson Fuasgladh Tùr lomallach	Corporra	£750,000
Àrdachadh Togalach a' Cheann-Uidhe	Barraigh	£700,000
Siostam Giollachd Dàta Faire	Ioma Puirt-Adhair	£700,000
Comhairleachadh Atharrachadh Àite Adhair	Ioma Puirt-Adhair	£600,000
Ionadair Switchgear HV	Inbhir Nis	£500,000
Glanadh	Ioma Puirt-Adhair	£500,000
Seirbheisean Dealbhachaidh ìre 3-4 RIBA	Corporra	£470,000
Aodach Obrach is PPE	Corporra	£400,000
Stiùireadh Fiadh-bheatha Raon-Adhair	Ioma Phuirt-Adhair	£300,000
Priomh 'Dàta Feed' Rèidear	Sumburgh	£257,000
Inneal-atharrais Stiùireadh Trafaig Adhair R&D	Corporra	£240,000
Cumail-suas Seirbheisean Uisge Dùthchail	Corporra	£200,000
Cumail-suas Gineadair Fuireachas	Corporra	£200,000
Siostam HR	Corporra	£200,000
Siostam Ionmhais	Corporra	£200,000
Siostam RCMS	Ioma Puirt-Adhair	£150,000
Suids Smachd le Guth	Sumburgh	£130,000
Sgrùdadh Pròiseasair Dàta	Sumburgh	£130,000
Ceangal Ruigsinneachd Direach (Rèidear Sumburgh)	Sumburgh	£130,000
Cumail-Suas Siosaman Gaoithraichte Ionadail	Corporra	£120,000
Rèidear Dàrnach 'Dàta Feed'	Sumburgh	£118,000
Stiùireadh Sgudail is Ath-chuaireachadh	Ioma Phuirt-Adhair	£100,000
Ionad Tuiteamais – Fit Out	Corporra	£66,000
Ionad Tuiteamais – Stiùireadh Pròiseict	Corporra	£20,000



Highlands and Islands  
Airports Limited  
Pùr-achair na Gàidhealtachd  
is nan Eilean Earranta

© 2020 Highlands and Islands Airports Limited.  
**Highlands and Islands Airports Limited | Head Office: Inverness Airport, Inverness, Scotland, IV2 7JB**